

Naidheachdan an Latha



An t-Àm airson nan Naidheachdan

Pasgan-obrach do dh'fhileantaich AS 1–3
Le Gillebrìde Mac 'ille Mhaoil
Dealbhan le Vicki Gausden

An t-Àm airson nan Naidheachdan

Clàr-innse

	Duilleag		Duilleag
Ro-ràdh	1	Eacarsaich 7b	19
Eacarsaich 1a Dè do naidheachd?	2	Eacarsaich 7c	21
Eacarsaich 1b	3	Eacarsaich 7d	22
Eacarsaich 1c	3	Eacarsaich 8 Dealbhan-èibhinn	23
Eacarsaich 2a Naidheachdan air an rèidio	5	Eacarsaich 9a Tòimhseachan-tarsainn	25
Eacarsaich 2b	6	Eacarsaich 9b	26
Eacarsaich 2c	7	Eacarsaich 10 A' dèanamh prògram rèidio	27
Eacarsaich 2d	8	Eacarsaich 11a Naidheachdan air an Telebhisean	30
Eacarsaich 3a Pàipearan-naidheachd	9	Eacarsaich 11b Fèin-mheasadh	30
Eacarsaich 3b	10	Eacarsaich 12a Bodach na Sìde	31
Eacarsaich 3c	11	Eacarsaich 12b	33
Eacarsaich 3d	11	Eacarsaich 12c Sgrùdadh	34
Eacarsaich 4 Deasachadh	13		
Eacarsaich 5a Agallamhan	14		
Eacarsaich 5b	15		
Eacarsaich 5c	15		
Eacarsaich 5d	16		
Eacarsaich 6a Colbh bheachd	17		
Eacarsaich 6b	18		
Eacarsaich 7a Eachdraidh-beatha	18		

Ro-ràdh

- Chaidh am pasgan seo a dheasachadh le obair fhreagarrach do gach ìre AS 1–3 – Ìre 3 sa Churraicealam airson Sàr-mhathais.
- Chaidh an obair a dheilbh airson cothrom a thoirt do thidsearan obair leudachaidh a thoirt do sgoilearan a rèir am feumalachadan air leth.
- Tha cothroman ann airson obair aon-neach, obair chàraid agus obair bhuidhnean.
- Tha na ceithir sgilean cànan air an còmhach.
- Bu chòir do phuingeann gràmair a tha a’ togail ceann a bhith air am mìneachadh leis an tidsear.
- Tha caochladh eacarsaichean ann far am biodh e iomchaidh co-obrachadh a dhèanamh eadar roinnean – Beurla, Ealain, na cuspairean sòisealta agus mar sin air adhart.
- Chaidh am pasgan a stèidheachadh air builean Curraicealam airson Sàr-mhathais.
- Gheibhear na h-earrannan èisteachd air-loidhne aig www.storlann.co.uk
- Tha measadh leughaidh agus measadh èisteachd ann am pasgan nam freagairtean a ghabhadh a chleachdadh aig deireadh an aonaid.


Anns an aonad seo, bidh thu ag ionnsachadh mu:

Naidheachdan

- naidheachdan ionadail
- naidheachdan nàiseanta
- naidheachdan eadar-nàiseanta

Naidheachdan

- air an telebhisean
- air an rèidio
- ann am pàipearan-naidheachd
- air an eadar-lìon



Cuiridh tu pàipear-naidheachd ri chèile

Cuiridh tu prògram naidheachd ri chèile

Cuiridh tu aithris mun t-sìde air an telebhisean ri chèile



Eacarsaich la Dè do naidheachd?

Deasbad clas:

Beachdaich air na ceistean a leanas:

1. Dè tha ann an naidheachdan?
2. Dè na dòighean a tha ann air naidheachdan innse?
3. Smaoinich air ainmean cuid de phrògraman-naidheachd no pàipearan-naidheachd. Carson a tha ainmean mar sin orra?
4. Ainmich cuid de chuspairean a bhios tric anns na naidheachdan.
5. Ciamar a tha luchd-naidheachd air TBh no ann am pàipear-naidheachd a' dèanamh sgaradh eadar naidheachd a tha cudromach agus naidheachd nach eil cho cudromach?
6. An tug thu a-riamh an aire gu bheil luchd-naidheachd uaireannan a' cur sgeulachd gun cus susbaint innte aig an deireadh. Saoil carson?

Eacarsaich 1b

Coimhead air na trì cinn seo. Ceangail am mìneachadh ceart ris gach ceann.

1. Naidheachdan ionadail	Fiosrachadh mu na tha a' tachairt ann an dùthaich. Tha am fiosrachadh seo inntinneach agus cudromach dha na daoine a tha a' fuireach anns an dùthaich sin.
2. Naidheachdan nàiseanta	Fiosrachadh a tha a' tighinn à diofar cheàrnaidhean dhen t-saoghal. Bidh ùidh aig daoine bho air feadh an t-saoghail anns an fhiosrachadh seo.
3. Naidheachdan eadar-nàiseanta	Rudan a tha a' tachairt ann an sgìrean sònraichte. Chan eil mòran ùidh aig daoine bhon taobh a-muigh anns an fhiosrachadh.

Eacarsaich 1c

Obraich còmhla ri caraid.

Coimhead air na cinn-naidheachd a tha seo. A rèir nam mìneachaidhean a thug thu seachad gu h-àrd, sgrìobh dè an seòrsa naidheachd a tha anns gach pìos. Cuir an àireamh cheart ri taobh gach fear. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut:

1. **Naidheachan ionadail**
2. **Naidheachdan nàiseanta**
3. **Naidheachdan eadar-nàiseanta**
 - a. **Bun-sgoil a' bhaile a' dùnadh.**
 1. **Naidheachd ionadail**
 - b. **Pàrlamaid na h-Alba a' deasbad foghlam na h-Alba.**
 - c. **Cù air chall ann am Port Rìgh.**
 - d. **Ceann-suidhe ùr aig na Stàitean Aonaichte.**

- e. **Barrachd luchd-turais ann an Alba am-bliadhna.**
- f. **Àrdachadh* ann an àireamhan luchd-turais ann an Ìle.**
- g. **Ospadal ùr a' fosgladh ann an Glaschu.**
- h. **Crìonadh** ann an eaconamaidh an t-saoghail.**
- i. **Coinneamh aig ceannardan dùthchannan an t-saoghail ann am Paris.**

àrdachadh àireamh de rudeigin a' dol suas*
*crìonadh** rudeigin a tha a' fàs nas lugha*

Eacarsaich 2a Naidheachdan air an Rèidio

Èist ris an earrainn. (Earrann 1)

Tha Dòmhnall MacAoidh a' leughadh nan naidheachdan.

Nuair a chluinneas tu gin dhe na cuspairean naidheachd a leanas, cuir ✓ anns a' chlàr gu h-ìseal agus cuir a-steach beagan fiosrachaidh mun sgeulachd a chuala tu.

Naidheachdan Rèidio na Gàidhlig	✓	Cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd?
Naidheachdan eadar-nàiseanta		
Naidheachdan nàiseanta		
Naidheachdan ionadail		
Poilitigs		
Spòrs		
Eucoir		
Tubaistean mòra		



Eacarsaich 2b

Èist ris an earrainn a-rithist. (Earrann 1)

A bheil na seantansan gu h-ìosal ceart no ceàrr? Sgrìobh na seantansan a tha ceart.

1. Tha Ceann-suidhe Obama a' coinneachadh ri Ceann-suidhe na Frainge an-diugh.
2. Coinnichidh Ceann-suidhe Obama agus a' Bhanrigh aig Sràid Downing a-màireach.
3. Chaidh tràna far nan rèilichean faisg air an Ròimh.
4. Bhuail dà thrèana na chèile san tubaist.
5. Thòisich Fèis Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann an-diugh.
6. Thathar a' ràdh gun tadhail ceud mìle neach air a' bhaile.
7. Chaidh corp fireannaich a lorg ann an Glaschu tron oidhche.
8. Bha coltas air gun deach losgadh air le peilear.
9. Chaidh Geamaichean an Eilein Sgitheanaich a chur dheth ri linn droch shìde.
10. Tha poilis na Spàinne a' cumail sùil gheur air luchd-leantail Rangers agus Bharcelona fhad 's a tha Rangers a bhos airson gèam ball-coise a chluich.

Eacarsaich 2c

Obraich còmhla ri caraid.

Dèan an aon rud le naidheachdan Radio nan Gàidheal. Èist ris na naidheachdan agus lìon an clàr gu h-ìseal.

http://www.bbc.co.uk/iplayer/gd/radio/bbc_radio_nan_gaidheal/news

Naidheachdan Radio nan Gàidheal	✓	Cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd?
Naidheachdan eadar-nàiseanta		
Naidheachdan nàiseanta		
Naidheachdan ionadail		
Poilitigs		
Spòrs		
Eucoir		
Tubaistean mòra		
Eile		



Eacarsaich 2d

Tha mòran fhaclan sònraichte anns na naidheachdan – tha an fheadhainn a leanas rin cluinntinn gu math tric. A bheil thu eòlach orra air fad? Lorg na faclan a leanas sa chlàr:

CEANNARCAS

EUCOIR

SPÒRS

Poilitigs

TACHARTASAN

PRÌOMHAIRE

PRÌOMH-MHINISTEAR

CEANN-SUIDHE

AITHRIS

COGADH

TUBAIST

IONMHAS

P	R	Ì	O	M	H	-	M	H	I	N	I	S	T	E	A	R
P	R	O	O	T	S	D	G	L	N	T	L	O	A	C	H	P
H	R	Ì	B	N	M	F	E	U	M	E	U	B	N	À	L	O
L	R	I	O	C	U	E	S	A	C	O	G	A	D	H	N	I
Ò	B	M	L	M	D	I	O	P	N	A	S	R	T	N	M	L
I	R	P	N	S	H	A	I	R	A	A	E	T	H	I	N	I
S	I	R	T	U	B	A	I	S	T	E	T	N	D	H	T	T
L	A	R	B	E	R	T	I	R	H	A	C	B	N	I	I	I
P	E	T	U	I	N	R	A	R	A	A	S	B	L	I	A	G
S	N	O	Ì	B	N	H	T	I	E	F	R	E	U	S	G	S
I	B	À	I	G	C	E	A	N	N	-	S	U	I	D	H	E
A	G	H	R	A	R	A	N	N	-	S	P	L	L	Ò	I	L
R	L	A	T	R	D	G	H	E	E	M	Ò	A	Ì	O	M	I
H	S	-	S	R	T	Ì	P	L	T	E	R	S	R	À	T	O
T	-	L	-	O	I	O	N	M	H	A	S	-	G	H	R	P
A	F	H	L	O	I	A	S	C	H	R	H	M	L	A	S	R
C	E	A	N	N	A	I	R	C	E	A	S	M	E	-	S	A

Eacarsaich 3a Pàipearan-naidheachd

Obraich mar chlas.

- Airson pàipear-naidheachd a chruthachadh, feumaidh tu naidheachdan a lorg.
- Gu tric, 's e duilleag aghaidh a' phàipeir an duilleag as cudromaiche bhon 's i an tè a bhios daoine a' faicinn mus ceannaich iad am pàipear.
- Cruinnich pàipearan-naidheachd eadar-dhealaichte gus am faic thu dè an coltas a th' orra.
- Ciamar a tha cuid dhiubh eadar-dhealaichte bho chèile? Saoil carson a tha seo?

Eacarsaich 3b

Rannsachadh

Obraich ann am buidheann.

Tha thu a' dol a chruinneachadh naidheachd airson duilleag aghaidh pàipeir-naidheachd san sgìre agad fhèin.

Feumaidh tu beachdachadh air:

- Cò às a thig an naidheachd?
- Dè na rudan inntinneach agus annasach a tha a' dol air adhart san sgìre?
- Dè na pìosan naidheachd as cudromaiche?

Cuimhnich gum feum thu dealbhan a thogail no a chleachdadh cuideachd. Uaireannan, reicidh aon dealbh math tòrr de phàipearan-naidheachd!

Nuair a tha thu air cuspair a thaghadh, air rannsachadh a dhèanamh agus air pìos(an) naidheachd a chur ri chèile, feumaidh tu:

- Ainm a chur air a' phàipear-naidheachd.
- Tìotal a chur air a' phrìomh phìos naidheachd.
- Sgrìobhadh a dhèanamh ann an colbhan mar a nì luchd-naidheachd.
- Dealbh le fiosrachadh na chois a chur air an duilleig aghaidh airson daoine a tharraing chun a' phàipeir.
- Nuair a tha a' chiad duilleag den phàipear-naidheachd deiseil, faodaidh tu an uair sin beachdachadh air dè thèid na bhroinn.



Eacarsaich 3c

Obraich mar chlas.

Smaoinich còmhla sa chlas air an obair a th' aig neach-deasachaidh air pàipear-naidheachd no air prògram-naidheachd. Dè na rudan a bhios e/i a' dèanamh? Beachdaich air na rudan gu h-iseal:

- Am bi e/i a' fòrnadh timcheall a' coimhead airson naidheachdan ùra?
- Am bi e/i a' cur ri chèile gach pìos naidheachd a thig a-steach?
- Am bi e a' cur an òrdugh na pìosan naidheachd bho na rudan as cudromaiche gu pìosan beaga anns nach bi cus ùidh aig daoine?
- Am bi e/i a' dèanamh giorrachadh far a bheil feum?
- Am bi e/i ag atharrachadh nam pìosan naidheachd a thig a-steach?

Eacarsaich 3d

Tha thu nad neach-naidheachd air pàipear-naidheachd. Chaidh am pìos seo a chur thugad. Leugh am pìos gu faiceallach, agus freagair na ceistean a leanas:

Tubaist eile air a' Bheinn Mhòir

Chaidh aon duine, Micheal Greumach, 33, agus aon bhoireannach, Joyce Swinson, 30, a thoirt dhan ospadal anns a' Ghearasdan feasgar an-dè an dèidh dhaibh tuiteam nuair a bha iad a'coiseachd air Beinn Nibheis. Tha e coltach gu bheil Micheal Greumach na thidsear ann an Dùn Èideann agus gu bheil Joyce Swinson na rùnaire ann an Dùn Dè. 'S e Beinn Nibheis a' bheinn as àirde ann an Alba agus bha iad a' coiseachd oirre airson a' chiad turais. Cha robh iad eòlach air an t-slighe gu mullach na beinne agus an dèidh dhaibh a bhith a' coiseachd airson uair a thide gu leth, chaill iad an slighe. Arsa Mgr Greumach, "Thuit mise an toiseach agus nuair a thàinig Joyce airson cobhair a dhèanamh orm, thuit ise cuideachd. Bha sinn uabhasach fortanach gun robh

fòn-làimhe againn oir dh'fhòn sinn chun nan seirbheisean-teasairginn."

Bha sneachda agus reothadh ann aig an àm, agus a rèir coltais cha robh uidheamachd sam bith aig an dithis airson iad fhèin a chumail blàth. Thuit ceannard nan seirbheisean-teasairginn, Niall MacMhuirich, "Tha iad glè fhortanach a bhith beò. Cha robh còir aca a bhith air Beinn Nibheis ann an lèine-T, briogais ghoirid agus brògan spòrs. Feumaidh daoine tuigsinn gu bheil na beanntan cunnartach – gu h-àraid nuair a tha i a' cur an t-sneachda agus nuair a bhios reothadh ann."

'S e lèine-T uaine a bha air Mgr Greumach agus lèine-T dhearg a bha air Joyce Swinson. Bha adan orra cuideachd ach cha robh seacaidean aca idir.

Tha an dithis anns an ospadal fhathast agus tha iad le chèile air cas a bhriseadh. "Tha mo chas goirt ach cha bhi mise a' coiseachd air Beinn Nibheis anns a' gheamhradh a-rithist. Cha robh an sneachda ann idir nuair a thòisich sinn air coiseachd, agus cha robh dùil againn a dhol cho àrd. Mar sin, cha tug sinn leinn aodach freagarrach. 'S e leasan a bha seo dhan dithis againn," thuit Joyce nuair a bhruidhinn Guth Lochabar rithe a-raoir.

Thuit neach-labhairt bhon ospadal gum faigh an dithis dhachaigh a-màireach.



Ceistean

1. **Cia mheud duine a chaidh a thoirt dhan ospadal an dèidh na tubaist?**
 - (a) aon duine
 - (b) dithis
 - (c) triùir
2. **Dè an obair a tha aig Joyce Swinson?**
 - (a) Tha i na tidsear.
 - (b) Tha i na neachd-naidheachd.
 - (c) Tha i na rùnaire.
3. **Dè cho fad is a bha iad air a bhith a' coiseachd mus deach iad air chall?**
 - (a) uair a thìde
 - (b) uair a thìde gu leth
 - (c) dà uair a thìde
4. **Cò ris a bha an t-sìde coltach aig an àm?**
 - (a) Bha reothadh agus sneachda ann.
 - (b) Bha deagh shìde ann.
 - (c) Bha a' ghaoth gu math làidir.
5. **Carson nach tug iad leotha aodach freagarrach airson sreap?**
 - (a) Cha do dh'inns duine dhaibh gum biodh aca ri seo a dhèanamh.
 - (b) Bha iad air Beinn Nibheis a shreap roimhe.
 - (c) Cha robh dùil aca a dhol cho fada suas.
6. **Dè an leasan a bu mhotha a dh'ionnsaich iad bhon tubaist?**
 - (a) Feumaidh daoine a bhith a' cuideachadh a chèile.
 - (b) Feumaidh uidheamachd cheart a bhith agad airson a dhol a shreap.
 - (c) Feumaidh tu fòn a chur gu luchd-teasairginn.




Eacarsaich 4 Deasachadh

Nuair a tha thu nad neach-deasachaidh air pàipear-naidheachd, cuiridh luchd-naidheachd eile thugad fiosrachadh air na naidheachdan a tha iad a' faighinn. 'S e pàirt chudromach dhen obair a bhith a' leughadh an fhiosrachaidh agus a' taghadh nan rudan as cudromaiche. An uair sin, feumaidh tu fhèin ath-sgrìobhadh no sgioblachadh a dhèanamh air a' phìos.

Obraich còmhla ri caraid. Tha thu air an sgeulachd ann an Eacarsaich 3d fhaighinn a-steach bho neach-naidheachd. Tha i ro fhada agus tha cus fiosrachaidh innte. Feumaidh tu an sgeulachd a ghiorrachadh – ach feumaidh tu am fiosrachadh as cudromaiche a chumail. Leugh an sgeulachd, sgrìobh i a-rithist, ach dèan nas giorra i a' dèanamh cinnteach nach fàg thu às rud sam bith a tha feumail dhan leughadair.

Nuair a tha thu air ath-sgrìobhadh a dhèanamh dhen artaigil, faodaidh tu an uair sin cruth artaigil a chur air. Faodaidh tu cuideachd tiotal ùr a chur air.



Eacarsaich 5a Agallamhan

Bidh agallamhan còmhla ri daoine ainmeil ann am pàipearan-naidheachd cuideachd. Èist ris an agallamh a leanas (Earrann 2) le Seumas Moireasdan a bhios a' libhrigeadh prògram nan naidheachdan air Rèidio na Gàidhlig. Freagair na ceistean.

Ceistean

1. Dè an obair a tha aig Seumas?
2. Dè na rudan as lugha air mun obair?
3. Dè na rudan as fheàrr leis mun obair?
4. Dè bhios daoine a' dèanamh fhad 's a tha iad ag èisteachd ris?
5. An còrdadh obair mar seo riut fhèin? Carson?
6. Am bi thu fhèin ag èisteachd ris an rèidio? Dè na prògraman as fheàrr leat?

Eacarsaich 5b

Coimhead air na faclan/abairtean gu h-ìseal a nochd anns an earrainn. Lorg ciall do gach facal/abairt ann an colbh A bhon liosta ann an colbh B.

	COLBH A	COLBH B
a.	a' libhrigeadh	gu math sgìth
b.	annasach	Is toigh leam...
c.	air mo chlaoidh	neònach
d.	feumaidh mi aideachadh	a' toirt seachad
e.	Tha ùidh agam ann...	cuideigin a tha ag obair air TBh no rèidio
f.	craoladair	ag innse na firinn

Eacarsaich 5c

Tagh 4 faclan/abairtean. Sgrìobh seantans ùr a' cleachdadh gach facal/abairt. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.


- a. **Tha am prògram An Là a' libhrigeadh naidheachdan Gàidhlig dhuinn air an telebhisean a h-uile oidhche.**

Eacarsaich 5d

- Obraich còmhla ri caraid. Tha sibh a' dol a dhèanamh agallamh air a chèile.
- Dèan liosta ro-làimh de na ceistean a tha thu a' dol a dh'fhaighneachd.
- Nuair a tha thu deiseil, faodaidh tu ath-sgrìobhadh a dhèanamh den agallamh airson a chur dhan phàipear-naidheachd agad.
- Dèan clàradh dhen agallamh agus seall gach agallamh dhan chlas.
- Cò an fheadhainn as fheàrr?
- Carson a dh'obraich iadsan cho math?

Fàilt' oirbh chun
a' phrògraim!
An-diugh,
tha mi a' bruidhinn ri ...





Eacarsaich 6a Colbh Beachd

Bidh earrannan ann am pàipearan-naidheachd cuideachd far am bi daoine a' toirt am beachd fhèin air rudeigin a tha a' tachairt anns na naidheachdan. 'S e *colbhan beachd* a chanar ris na h-artaigilean seo.

Uaireannan, bidh dithis sgrìobhadair a' toirt bheachdan gu tur eadar-dhealaichte seachad air an aon chuspair air an aon duilleig!

Obraich mar chlas. Beachdaich air a' cheist a tha seo a nochd anns na naidheachdan bho chionn ghoirid:

Am bu chòir do dhaoine a bhios a' smocadh agus ag òl cus deoch làidir cùram meidigeach fhaighinn?

Bruidhinn anns a' chlas air na beachdan a tha aig daoine air a' cheist seo. Dèan liosta de na beachdan a chuala tu.

Bu chòir oir...	Cha bu chòir oir...

Eacarsaich 6b

Nuair a tha an clas air fad air beachdachadh air a' chuspair, bu chòir beachdan bho gach taobh a bhith agad. Sgrìobh fhèin colbh a' dèiligeadh ris a' cheist seo agus mìnich do bheachdan air a' chuspair gus am faigh thu fhèin ainm airson a bhith connspaideach, cudromach agus ciallach! A bheil a h-uile duine sa chlas air an aon ràmh? Faodaidh an colbh beachd nochdadh anns a' phàipear-naidheachd cuideachd.

Eacarsaich 7a Eachdraidh-beatha*

Chan e naidheachdan a-mhàin a bhios ann am pàipearan-naidheachd. Gu math tric bidh pàipearan-naidheachd a' feuchainn ri barrachd fiosrachaidh a thoirt dhan luchd-leughaidh air daoine as aithne dhaibh. 'S e a bhith a' dèanamh sgrùdadh air eachdraidh-beatha* cuideigin, a' cur ri chèile pìos sònraichte air an duine ud, aon dòigh air sin a dhèanamh.

**eachdraidh-beatha* *Cunntas air beatha cuideigin, mar as trice cuideigin aithnichte, air a thoirt seachad le cuideigin eile.*

Leugh cuid de na leabhraichean *Beatha le Buaidh*. 'S e leabhraichean eachdraidh-beatha a tha annta agus tha tòrr fiosrachaidh annta mu dhaoine ainmeil. Ionnsachaidh tu rudan mu dhaoine air nach robh fios agad roimhe. Dèan notaichean beaga goirid air na leabhraichean a leughas tu. Dè tha inntinneach mu stoidhle nan leabhraichean?



Eacarsaich 7b

Leugh an eachdraidh-beatha a leanas agus freagair na ceistean:

Barack Obama

Chan eil mòran dhaoine air an t-saoghal air a bhith cho soirbheachail ann am poilitigs ri Barack Obama.

'S e a' chiad Cheann-suidhe dubh air na Stàitean Aonaichte an dèidh dha taghadh a' Chinn-shuidhe a bhuannachadh an aghaidh Iain MhicCain ann an 2008. Ach, ged a tha e an-diugh aig teis meadhan siostam poilitigeach nan Stàitean Aonaichte, cha b' ann mar sin a bha gnothaichean nuair a bha e òg.

Rugadh Obama ann an tè dhe na stàitean as lugha agus **as iomallaiche** – Hawaii, anns an Lùnastal 1961. Cha robh ceangal teaghlaich aige ris an stàit sin ge-tà oir bha a mhàthair à Kansas agus cha robh athair à Ameireaga idir; b' ann à Ceinia ann an Afraga a bha esan. Cha robh Barack òg ach dà bhliadhna a dh'aois nuair a **dhealaich** athair agus a mhàthair agus cha robh mòran eòlais aige air athair idir. Phòs a mhàthair fear eile agus dh'fhàg an teaghlach na Stàitean Aonaichte agus chaidh iad a dh'fhuireach a dh'Indonisia anns an Àisia. An dèidh ceithir bliadhna, thill Barack gu Hawaii agus bha e a' fuireach còmhla ri sheanair agus ri sheanmhair.

'S dòcha gun tug a' bhochdainn a chunnaic e ann an Indonisia buaidh air oir an dèidh dha an oilthigh fhàgail, chaidh e gu ruige Chicago airson obair a dhèanamh anns na coimhearsnachdan bochda. Bha e gan cuideachadh gus am beatha a dhèanamh na b' fheàrr agus gus goireasan coimhearsnachd a leasachadh. 'S e Chicago am baile a tha air a bhith dlùth dha bhon uair sin. Choinnich e a bhean, Michelle, an sin. Bha e na bhall de phàrlamaid Illinois a' **riochdachadh** Chicago agus an uair sin bha e na riochdaire-stàite ann an Washington.

Cha robh dùil gum biodh e air a thaghadh mar thagraiche nan Deamocratach ann an taghadh a' chinn-shuidhe idir, oir bhathar an dùil gum buannaicheadh Hillary Clinton. Ach, rinn e an gnothach oirrese agus air a h-uile **tagraiche** eile agus rinn Ameireaga sogan ris nuair a fhuair e an obair. Tha e sònraichte math air bruidhinn air beulaibh luchd-èisteachd agus tha e math air sgrìobhadh cuideachd – sgrìobh e dà leabhar a bha air leth soirbheachail.

Ach, ge b' e dè nì e, bidh cuimhne air Barack Obama mar an duine a rinn rud nach do rinn Ameireaganach dubh roimhe – a bhith na Cheann-suidhe air an dùthaich as **cumhachdaile** air an t-saoghal.

Dè tha na faclan seo a' ciallachadh? Tagh a' chiall cheart do gach facal.

1. **soirbheachail**
 - (a) **sunndach**
 - (b) **a' dèanamh glè mhath**
 - (c) **làidir na bheachd**

2. **as iomallaiche**
 - (a) **glè bhoichd**
 - (b) **glè bheairteach**
 - (c) **glè fhada air falbh**

3. **dhealaich**
 - (a) **chaidh sgaradh a dhèanamh**
 - (b) **chaidh a ghluasad gu dùthaich eile**
 - (c) **co-cheangailte ris a' ghealaich**

4. **a' riochdachadh**
 - (a) **ag obair an aghaidh rudeigin**
 - (b) **a bhith ann as leth dhaoine eile**
 - (c) **a' bhòtadh**

5. **tagraiche**
 - (a) **fear a sheasas airson Taghadh Pàrlamaid**
 - (b) **fear-lagha**
 - (c) **fear à teaghlach a thàinig dhan dùthaich**

6. **as cumhachdaile**
 - (a) **air leth cunnartach**
 - (b) **air leth cuideachail**
 - (c) **air leth làidir**

Eacarsaich 7c

A rèir na h-earrainn, sgrìobh na pìosan fiosrachaidh a tha ceart mu Barack Obama.

1. **Cha robh ceann-suidhe dubh riamh air na Stàitean Aonaichte ro Barack Obama.**
2. **Rugadh Obama ann an Ceinia.**
3. **Chaidh e a dh'fhuireach a dh'Indonèisia nuair a bha e beag.**
4. **An dèidh dha a bhith san oilthigh, chaidh e a Chicago a dh'obair còmhla ri daoine bochda.**
5. **Choinnich e ri bhean, Michelle, ann an Washington.**
6. **Ghabh daoine iongnadh nuair a bhuannaich Obama an aghaidh Hillary Clinton.**
7. **Tha e gu math diùid agus chan eil e idir math air bruidhinn air beulaibh dhaoine eile.**
8. **A rèir an sgrìobhadair, chan eil dùthaich eile air an t-saoghal cho làidir ris na Stàitean Aonaichte.**

Eacarsaich 7d

Sgrìobh eachdraidh-beatha cuideigin.

- Feumaidh tu an rannsachadh a dhèanamh air cuideigin ainmeil no air cuideigin as aithne dhut fhèin.
- Lorg fiosrachadh ann an leabhraichean, tro bhith a' bruidhinn ri daoine eile agus air an eadar-lìon.

Smaoinich orra seo:

- Càit an do rugadh an neach seo?
- Teaghlach/togail?
- Obair/dòigh-beatha
- Rud inntinneach sam bith eile
- Bu chòir dhut mu 300 facal a sgrìobhadh.

Nuair a tha am pìos deiseil, faodaidh tu a dheasachadh airson a' phàipeir-naidheachd. Faodaidh tu cuideachd am fiosrachadh a lìbhrigeadh dhan chlas mar òraid. Faodaidh buill eile dhen chlas ceistean a chur ort mun rannsachadh.




Eacarsaich 8 Dealbhan-èibhinn

Gu math tric bidh dealbhan-èibhinn no cartùnaichean ann am pàipearan-naidheachd.

Fad iomadach bliadhna, bha mòran dhaoine a' leantainn nan cartùnaichean aig Eòghann Mac Ille Bhàin anns an *Daily Record* agus anns an *Sunday Mail*. 'S e *Angus Òg* an t-ainm a bha air a' chartùn agus bha e stèidhichte air an eilean *Drambeg* anns na h-Eileanan Siar – no mar a bha sa chartùn, *The Utter Hebrides!*

'S e *Angus Òg* an t-ainm a bha air a' phrìomh character agus bha an cartùn ag innse mu na rudan èibhinn, annasach agus gòrach a bhiodh a' tachairt dha. 'S e *Mrs Òg*, *Lachaidh Mòr* agus *Granny McBrochan* an t-ainm a bha air feadhainn eile anns na sgeulachdan.

Rugadh agus thogadh Mac Ille Bhàin ann an Glaschu ach bha a theaghlach às an Eilean Sgitheanach agus bha e fileanta ann an Gàidhlig. Mar sin, bha tuigse glè mhath aige air cò ris a bha Gàidheil coltach! Bhiodh daoine a' coimhead air adhart ris na dealbhan-èibhinn fhaicinn sa phàipear a h-uile latha.



Tha thu a' dol a dhèanamh dealbh-èibhinn dhut fhèin. Mus tòisich thu air na dealbhan, freagair na ceistean a leanas:

1. Dè an t-ainm a tha air a' chartùn agad?
2. Dè an t-ainm a tha air a' phrìomh character anns a' chartùn?
3. Dè bhios e/i a' dèanamh?
4. Cò ris a tha e/i coltach?
5. Càit a bheil an cartùn gu bhith stèidhichte?
6. Cò na caractaran eile a bhios a' nochdadh?
7. Cia mheud dealbh a bhios anns a' chartùn agad airson sgeulachd bheag innse?

Thoir sùil air:

<http://www.stripcreator.com/make.php>

Bheir e cuideachadh dhut dealbh-èibhinn/cartùn a chruthachadh mura h-eil thu ro mhath air dealbhan a tharraing.

Plana


Dèan plana gus am bi cruth air an sgeulachd agad. Dèan cinnteach gu bheil fhios agad cia mheud bogsa air am bi feum agad agus dè tha na caractaran gu bhith a' dèanamh.

Tha thu a-nise deiseil airson dealbh-èibhinn a chruthachadh.



Eacarsaich 9a Tòimhseachan-tarsainn

Bidh tòimhseachan-tarsainn anns a h-uile pàipear-naidheachd. Sgrìobh na freagairtean anns an àite cheart air a' chlàr. Tha na freagairtean uile co-cheangailte ri pàipearan-naidheachd.



Tarsainn

1. Fiosrachadh mu chuideigin, air a sgrìobhadh le neach eile. (10-6)
3. Sìde (6)
4. Gheibh thu duais ma bhuannaicheas tu seo. (7)
6. Cuideigin a bhios a' cruinneachadh fiosrachadh airson a chur dhan phàipear. (5-10)
9. Bidh daoine a' sgrìobhadh nan rudan seo agus bidh duilleag ann gu sònraichte dhaibh anns a' phàipear-naidheachd. (10)

Sìos


2. An neach a bhios a' dèanamh a' cho-dhùnaidh air dè bhios a' nochdadh sa phàipear. (9)
7. Bidh _____ beachd ann am pàipearan-naidheachd far am bi daoine a' toirt seachad beachd uair san t-seachdain. (7)
8. Nochdaidh fios mu na rudan seo aig cùl a' phàipeir, mar as àbhaist. (5)

Eacarsaich 9b

Faodaidh tu fhèin tòimhseachan-tarsainn no farpais cheist a chur ri chèile airson a' phàipeir-naidheachd.

Bu chòir pàipear-naidheachd slàn a bhith agad a-nise.
Cuir ★ sa bhogsa ri taobh gach rud a th' agad:

Prìomh sgeulachd	
Sgeulachd air a giorrachadh	
Agallamh	
Beachd	
Eachdraidh-beatha	
Cartùn	
Tòimhseachan-tarsainn/farpais cheist	



Eacarsaich 10 A' dèanamh prògram rèidio

Tha thu a' dol a dhèanamh prògram naidheachd dhan sgoil agad. Feumaidh tu naidheachdan na sgoile a chruinneachadh. 'S e naidheachdan ionadail na sgoile a bhios anns a' phrògram naidheachd agad, rudan a tha cudromach dhan sgoil fhèin agus dhan choimhearsnachd timcheall air an sgoil – duaisean, spòrs, tursan sgoile, tidsearan ùra, tachartasan.

Obraich ann am buidheann.

Dè tha a' tachairt anns an sgoil? Dèan cinnteach gu bheil a h-uile duine sa bhuidhinn an sàs san rannsachadh. Smaoinich air na ceistean a leanas:

A bheil tidsearan ùra anns an sgoil?

A bheil cuirmean-ciùil sam bith gu bhith anns an sgoil a dh'aithghearr?

A bheil leabhraichean ùra anns an leabharlann?


A bheil na sgiobaidhean sgoile an sàs ann an spòrs sam bith?

A bheil an sgoil air duaisean sam bith a bhuannachadh bho chionn ghoirid?

A bheil sgoilearan air a bhith air turas-sgoile bho chionn ghoirid?

An do rinn sgoilear(an) rud sam bith annasach bho chionn ghoirid?

A bheil cuspair sam bith eile ann a tha cudromach?



Rannsachadh

- Faigh am fiosrachadh le bhith a' faighneachd cheistean. Cuimhnich, nuair a tha thu a' faighneachd cheistean, feumaidh tu a bhith a' gabhail notaichean. Tha leabhar-notaichean aig gach deagh neach-naidheachd!

Co-dhùnadh

- Nuair a tha thu air diofar phìosan fiosrachaidh eadar-dhealaichte fhaighinn, feumaidh tu tighinn gu co-dhùnadh air dè na naidheachdan as cudromaiche. Feumaidh tu na naidheachdan a chur ann an òrdugh.

Sgrìobhadh

- Nuair a tha thu air na naidheachdan a thaghadh feumaidh tu deasachadh a dhèanamh orra agus prògram naidheachd a chlàradh. Cuimhnich fàilte a chur air an luchd-èisteachd agus ainmean na buidhne a chleachdadh anns a' phrògram:

Mar eisimpleir: *Tha fiosrachadh mun chonsairt aig Ceitidh NicLeòid.*

Aithris

- An dèidh dhut na naidheachdan a sgrìobhadh, feumaidh tu an leughadh. 'S e aithris am facal a bhios sinn a' cleachdadh airson a bhith a' leughadh nan naidheachdan.
- Feumaidh tu atharrachadh a thoirt air do ghuth a rèir gach sgeulachd. Mas e sgeulachd dhuilich a th' innte, feumaidh tu sin a shealltainn nad ghuth. Cuideachd, mas e sgeulachd èibhinn a th' innte, bu chòir dhut sin a shealltainn cuideachd.
- Dèan ullachadh ro-làimh gus nach bi stadan sam bith agad nuair a tha thu a' leughadh.
- Dèan clàradh dhen phrògram-naidheachd agad.
- Èistidh an clas air fad ris gach aithris. Cò an fheadhainn as fheàrr? Carson a chòrd iad cho math ri daoine?

CUIMHNICH!

Aig toiseach a' phrògraim, bu chòir ceòl a bhith ann. Lorg ceòl a bhios freagarrach airson toiseach a' phrògraim. Cuimhnich gur e prògram naidheachd a th' ann!

Measadh

Nuair a bhios tu deiseil den phròiseact, cuir crìoch air na seantansan a leanas:

Bha mi math air _____

_____.

Chòrd e rium a bhith _____

_____.

Dh'fhaodainn a bhith na b' fheàrr air _____

_____.

Earcarsaidh 1 1a

Naidheachdan air an Telebhisean

A' leughadh nan naidheachdan

Nuair a bhios luchd-naidheachd ag aithris nan naidheachdan air an telebhisean, bidh iad a' leughadh nam faclan a bhios a' nochdadh air sgrion air am beulaibh. 'S e *auto-cue* a chanar ri seo ann am Beurla.

Bidh an *auto-cue* a' cumail air aig astar reusanta agus feumaidh an neach-naidheachd stad ma tha e a' dol ro luath.

Coimhead air na naidheachdan a leanas agus leugh iad air an *auto-cue*.

Eacarsaich 1 1b Fèin-mheasadh

Smaoinich air na ceistean a leanas:

Ciamar a chaidh dhut?


An robh e furasta?

Dè na rudan a rinn thu math?

Dè nach robh cho furasta?

Dè cho fad 's a thug thu am pìos a leughadh?

A bheil thu airson feuchainn a-rithist?



Eacarsaich 12a Bodach na Sìde

An robh fios agad ..?

... nach bi an fheadhainn a bhios ag aithris na sìde idir a' leughadh? Feumaidh iad cuimhne a chumail air an aimsir sa h-uile àite agus an sgrìobt ionnsachadh.

... nach bi an fheadhainn a bhios ag aithris na sìde a' faicinn nam mapaichean a bhios sinne a' faicinn idir. Feumaidh cuimhne a bhith aca càit a bheil a h-uile àite a tha iad ag ainmeachadh. Cha bhiodh e cho furasta sin, am bitheadh?

... ma bhios tu ag aithris na sìde feumaidh tu a bhith eòlach air cruinn-eòlas na dùthcha.

Cuir na h-àiteachan agus na sgìrean air na mapaichean a leanas:



Glaschu, Cataibh, Dùn Èideann, Obar Dheathain, Inbhir Nis, An t-Òban, Sruighlea, Sealtainn, Uibhist a Deas, An t-Eilean Sgitheanach, Peairt

Eacarsaich 12b

Thoir sùil air an liosta gu h-ìseal. Ainmich àite ann an Gàidhlig a tha anns na ceàrnaidhean seo de dh'Alba. Faigh mapa Gàidhlig gus an dèan thu cinnteach gu bheil thu ceart.

- (a) an ceann a tuath
- (b) an ceann a deas
- (c) an taobh siar
- (d) an taobh sear
- (e) meadhan na dùthcha

Thoir sùil air aithris na sìde air BBC Alba gus am faic thu ciamar a nì iad e. Abair gur e obair dhoirbh a tha ann a bhith ag aithris na sìde air an telebhisean! Dè seòrsa latha a tha gu bhith ann a-màireach? A bheil thu fhèin ag iarraidh feuchainn air aithris a thoirt seachad air an t-sìde? Siuthad!

Feumaidh tu mapa mòr de dh'Alba.

- Feumaidh tu camara bhidio gus am bi an aithris air a chlàradh.
- Feumaidh tu rannsachadh a dhèanamh air an t-sìde san sgìre agad aig www.bbc.co.uk/weather
- Sgrìobh sgrìobt air ciamar a bhios an t-sìde ann an Alba an-diugh agus a-màireach.

Tha eisimpleir de sgrìobt gu h-ìseal nam biodh sin gu feum dhut.

Feasgar math! Abair droch latha air feadh na dùthcha – uisge, gaoth làidir agus tuiltean. Tha a' ghaoth a' socrachadh beagan air an taobh sear, ach tha cùisean fhathast doirbh air an taobh siar le glè bheag de bhàtaichean-aiseig a' ruith. Thig tuilleadh uisge a-steach a-nochd air feadh na dùthcha agus bidh gèile air a' chost an iar a-rithist. Shìos gu deas, bidh latha nas fheàrr aca le frasan aotrom agus greisean grèine. Sin agad e bhuainne a-nochd. Bidh sinn air ais a-màireach a-rithist aig an aon àm.

Ach cuimhnich!

Chan fhaod thu an sgrìobt a leughadh. Feumaidh tu feuchainn air an rud air fad a chumail nad cheann! Gur math a thèid leat.

Eacarsaich 12c Sgrùdadh

Seall air a' bhidio a chaidh a dhèanamh far a bheil thu ag aithris na sìde. Feumaidh do charaid na seantansan seo a chrìochnachadh dhut:

1. **Bha thu math air ...**
2. **Bha do ghuth soilleir/fann/slaodach. (Dèan taghadh)**
3. **Dh'fhaodadh tu air a bhith na b' fheàrr air ...**
4. **Chòrd seo rium:**
5. **Bha thu sgoinneil!/Rinn thu math!/Feuch nas cruaidhe an ath thuras! (Dèan taghadh)**

Anns an aonad seo bha mi:

A' rannsachadh sgeulachd naidheachd	
A' cur dealbh iomchaidh ri sgeulachd	
A' sgrìobhadh colbh beachd	
A' dèanamh agallamh	
A' dèanamh cartùn	
A' giorrachadh sgeulachd	
A' rannsachadh, a' sgrìobhadh agus ag innse eachdraidh-beatha	
Ag aithris nan naidheachdan	
Ag aithris na sìde	

